

# Modhan-obrach ionadail airson ath-shlànachadh: lèirmheas tèamatach

Aithisg le Luchd-  
sgrùdaidh na  
Banrigh

An Cèitean 2022



# Clàr-innse

Facal-toisich.....	2
Cùl-fhiosrachadh.....	3
Ro-ràdh.....	4
Prìomh thoraidhean	
1. A' cumail taic ri sunnd chloinne agus dhaoine òga.....	5
2. A' cur prìomhachas air sunnd luchd-obrach.....	10
3. A' dèiligeadh ri beàrnan ann an ionnsachadh.....	11
4. Com-pàirteachas phàrantan...	18
Co-dhùnadh.....	20
Pàipear-taice 1: sgoiltean agus ionadan air an deach tadhal.....	21

## Facal-toisich

Tha an aithisg seo a' sgrùdadh raon de dhòighean a chaidh a ghabhail gus taic a thoirt do dh'ath-shlànachadh ann am buidhnean, a chaidh ainmeachadh le ùghdarrasan ionadail. Tha an aithisg seo a' comharrachadh prìomhachasan choitcheann a tha air am mìneachadh ann am planaichean leasachaidh no ath-shlànachaidh a tha ag amas air dèiligeadh ri cuid de na dùbhlain mu choinneimh roinn an fhoghlam a tha ag èirigh bho COVID-19.

Air feadh na h-Alba, tha luchd-obrach ag obair le dìcheall, smioralas agus ùr-ghnàthachas gus prìomhachasan leasachaidh a thoirt air adhart taobh a-staigh nam buidhnean aca fhèin. Tha iad ag atharrachadh gu h-ionmholt ann an àrainneachd a tha anabarrach dùbhlach gus taic a thoirt dhan luchd-ionnsachaidh aca. Bhon a' Mhàirt 2020, b' fheudar do luchd-obrach iad fhèin a' rianachadh gu bitheanta a rèir nan dùbhlain ann a bhith a' toirt foghlam seachad rè a' ghalair mhòir-sgaoilte COVID-19.

Anns an dà bhliadhna chaidh seachad tha sùbailteachd nan àrd-cheannardan agus luchd-obrach air a bhith na prìomh fheart, agus tha e fhathast, ann a bhith a' toirt air adhart prìomhachasan leasachaidh a tha a' tighinn am bàrr. Tha na prìomhachasan seo a' nochdadh feumalachdan na coimhearsnachd sgoile ionadail. Tha luchd-obrach air a bhith fuasgailte agus sùbailte ann a bhith a' rianadh agus a' toirt taic dha na coimhearsnachdan sgoile aca tro dhùbhlain nach beag. Tha iad air prìomhachas a chur air sunnd chloinne agus dhaoine òga, air freagairt agus dèiligeadh ri beàrnan ann an ionnsachadh chloinne agus dhaoine òga agus air sgrùdadh a dhèanamh air modhan-obrach gus fèin-fhiosrachaidhean luchd-ionnsachaidh a mheudachadh.

Tha mi an dòchas gun toir na toraidhean anns an aithisg seo taic do sgoiltean agus ionadan ann a bhith a' leantainn orra ag atharrachadh an cleachdaidh agus an solair gus taic a chumail ri ath-shlànachadh ar siostam foghlaim.



**Gayle Gorman**  
Prìomh Neach-sgrùdaidh na Banrigh airson Foghlam

## Cùl-fhiosrachadh

Tha an sgrìobhainn Ath-shlànachadh Foghlaim aig Riaghaltas na h-Alba: Prìomh Ghnìomhan agus Ath-cheumannan a' cur an cèill gun gabh Luchd-sgrùdaidh na Banrigh lèirmheasan tèamatach nàiseanta os làimh mar phàirt de na tha foghlam a' cur ri Ath-shlànachadh COVID-19 na h-Alba.

'S e seo an treas lèirmheas tèamatach nàiseanta le Luchd-sgrùdaidh na Banrigh a' toirt tuairisgeul air cleachdadh làithreach ann am foghlam na h-Alba. Tha e ag amas air leasachaidhean adhartachadh ann am foghlam Albannach le bhith a' tarraing air beachd proifeiseanta HMI. Leasaicheadh am beachd seo tro chòmhradh le luchd-cleachdaidh, luchd-ùidh agus luchd-ionnsachaidh, le bhith ag ath-sgrùdadh sgrìobhainnean, agus tro bhith ag amharc air cleachdadh agus teagasg iad fhèin ann an sgoiltean agus ionadan tràth-ionnsachaidh agus cùram-chloinne.

Tha farsaingeachd ar gnìomhachdan a' toirt dhuinn bunait fianais thèarainte agus air leth a tha air a tharraing bho raon de gnìomhachdan. Tha am bunait fianais seo a' toirt comas dhuinn co-dhùnaidhean a dhèanamh air mar a tha sgoiltean agus ionadan a' cumail taic ri ath-shlànachadh agus buaidh nam modhan-obrach air luchd-ionnsachaidh.

'S e ar rùn ann a bhith a' foillseachadh na h-aithisge seo an fhianais a fhuair sinn a thoirt air ais mu dheidhinn mhodhan-obrach a tha a' tachairt gu h-ionadail gus taic a chumail ri ath-shlànachaidh. Tha sinn an dòchas gum brosnach an aithisg seo meòrachadh is còmhradh proifeiseanta air na modhan-obrach ionadail ris a bheilear a' gabhail gus taic a chumail ri ath-shlànachadh.



## Ro-ràdh

Tha an aithisg seo stèidhte air fianais a chaidh a thionail ri linn tadhailean a ghabh àite eadar an t-Samhain agus an Dùbhlachd 2021. Thadhail HMI air ceithirionadan tràth-ionnsachaidh agus cùram-chloinne (ELC) a bhios a' seasamh nan aonar; 15 bun-sgoiltean anns an robh 13 le clasaichean sgoil-àraich agus aon le Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig; 13 àrd-sgoiltean; trì sgoiltean sònraichte; trì seirbheisean ionnsachadh agus leasachadh coimhearsnachd; trì sgoiltean Gàidhlig; agus aon roinn foghlaim ùghdarras ionadail. Bha am ball-sampall de 42 sgoiltean agus ionadan a' gabhail a-steach sgaoileadh farsaing chruinn-eòlach de raointean bailteil agus dùthchail air feadh na h-Alba. Tha Pàipear-taic 1 a' toirt liosta de na buidhnean air an deach tadhail.

Tha an aithisg seo a' toirt fa-near gu bheil cuid de na sgoiltean agus ionadan anns na prìomh raointean air an comharrachadh fhèin mar prìomhachasan ann a bhith a' cumail taic ri leasachadh cunbhalach taobh a-staigh co-theacsa COVID-19 le sùil shònraichte air builean airson luchd-ionnsachaidh. Tha cha mhòr a h-uile sgoil agus ionad a' leasachadh modhan-obrach gus taic a chumail ri ath-shlànachadh a tha a' nochdadh a' cho-theacsa ionadail aca. Anns cha mhòr a h-uile sgoil agus ionad, tha luchd-obrach air prìomhachasan a cho-measgachadh air am biodh iad mar as trice a' cur fòcas leis an fheadhainn a tha air eirigh gu sònraichte bhon ghalar mhòr-sgaoilte. Ged a tha prìomhachasan sònraichte ann a tha a' nochdadh roinnean leithid dealbhadh airson sgaoileadh slàn de 1,140 uairean de thràth-ionnsachadh agus cùram-chloinne àrd-chàileachd, 's e prìomhachasan coitcheann a th' anns na leanas air an comharrachadh ann am planadh ro-innleachdail air feadh roinnean. An lùib seo tha:

- taic a chumail ri sunnd chloinne agus dhaoine òga;
- a' cur prìomhachas air sunnd luchd-obrach;
- a' dèiligeadh ri beàrnan ann an ionnsachadh; agus
- a' neartachadh com-pàirteachas phàrantan;



# A' cumail taic ri sunnd chloinne agus dhaoine òga

'S e tùs-amas a th' ann taic a chumail ri sunnd chloinne, dhaoine òga agus an teaghlach a tha ri fhaicinn anns cha mhòr a h-uile plana ath-shlànachaidh no leasachaidh. Tha cha mhòr a h-uile buidheann a' toirt seachad ìrean meudaichte de thaic gus sunnd inntinn agus faireachail chloinne agus dhaoine òga a leasachadh.

Tha an galar mòr-sgaoilte air buaidh mhòr a thoirt air sunnd chloinne agus dhaoine òga. 'S e aon de na buaidhean as mì-fhàbharach den ghalair mhòr-sgaoilte mar a tha e air clann agus daoine òga a chur troimh-chèile. Ann an grunn sgoiltean, tha e dùbhlach do luchd-ionnsachaidh obair agus gnìomhachdan a choileanadh gu neo-eisimeileach taobh a-staigh an t-seòmair-sgoile. Tha eisimpleirean ann de ghiùlan buaireasach de dh'ìre bheag leithid bristeadh a-steach ann an ionnsachadh chàch, gun a bhith measail do cho-sgoilearan, agus a' toirt ùine ro fhada mus toirear aire do dh'obraichean. 'S iad seo cuid de na dùbhlain as comharraichte mu choinneamh chloinne agus dhaoine òga.



Fòdaidh sibh tuilleadh a leughadh air mar a tha sgoiltean agus ionadan a' cumail taic ri slàinte agus sunnd ann an 'Slàinte agus sunnd: lèirmheas tèamatach'.

# 1

## Àrd-sgoil Gracemount, Comhairle Baile Dhùn Èideann

RANNS  
ACHAD  
H-  
CÙISE

### A' leasachadh deisealachd airson ionnsachadh

Thug an sgoil fa-near gur e aon de na buaidhean as mì-fhàbharraiche den ghalar mhòr-sgaoilte mar a tha e air buaidh a thoirt air modh-giùlain dhaoine òga agus an deisealachd airson ionnsachadh. Tha ìrean iomagain mar thoradh air tilleadh dhan sgoil, dìth brosnachadh agus gun a bhith ann an staid-inntinn cheart airson ionnsachadh air a bhith nam factaran a' toirt buaidh air sunnd dhaoine òga.

'S e bunait dòigh-obrach na sgoile càirdeasan deimhinneach, taiceil a leasachadh. Tha luchd-obrach a' gabhail ri modh-obrach chunbhalach airson taic a chumail ri daoine òga àrainneachd ionnsachaidh sheasmhach ath-stèidheachadh gus am bi iad deiseil airson ionnsachadh. Tha luchd-obrach ag aithneachadh agus a' comharrachadh modh-giùlain deimhinneach tron t-siostam tar-chuir dheimhinneach aca. Tha seo a' cuideachadh ann a bhith a' brosnachadh dhaoine òga ri deagh ghnàthasan modh-giùlain a chruthachadh. Anns na cùisean anns a bheil daoine òga a' sealltainn dùbhlain giùlain de dh'ìre ìosail, tha luchd-obrach a' gabhail ri 'eadar-theachdan sgrìobhte' gus dèanamh cinnteach à cunbhalachd ann an cleachdadh moladh agus a' brosnachadh giùlan deimhinneach. Tha còmhraidhean slànachaidh agus iar-sgrùdadh cuideachd nam feartan de dhòigh-obrach na sgoile a thaobh dèiligeadh ri cùisean de ghiùlan mì-iomchaidh. Tha an dòigh-obrach ath-shlànachaidh seo a' cuideachadh dhaoine òga ri barrachd uallach a ghabhail airson an giùlan tro aithneachadh ùpraid sam bith a dh'fhaodadh iad fhèin a bhith air adhbharachadh.

Tha tuigse shoilleir aig daoine òga air dùilean luchd-obrach, dùilean dhiubh fhèin agus càch agus tha iad a' gabhail pàirt ann an ionnsachadh nas èifeachdaiche.



Tha a' mhòr-chuid de sgoiltean agus ionadan a' cleachdadh mhodhan-obrach a tha ann an-dràsta agus sunnd luchd-ionnsachaidh a neartachadh tuilleadh. 'S e aon de na modhan-obrach seo prionnsabalan àraich a chleachdadh gus clann agus daoine òga a chuideachadh ann a bhith a' riaghladh am faireachaidhean. Tha luchd-obrach a' sìor-leudachadh cleachdadh modhan-obrach àraich, seachad air seòmraichean-àraich, agus taic a chumail ri sunnd aig ìre làn-sgoile. Tha luchd-obrach a' dol an sàs ann an ionnsachadh proifeiseanta air àrach gus clann agus daoine òga a chuideachadh faighinn seachad air uallach faireachail agus am faireachaidhean a chur an cèill gu ciùin. Ann an eisimpleirean a tha ag obair gu math, tha briathrachas coitcheann aig luchd-obrach agus luchd-ionnsachaidh gus tuairisgeul a thoirt air faireachaidhean. Tha am briathrachas seo a' toirt comas do chloinn agus daoine òga bruidhinn mu na faireachaidhean aca agus an riaghladh ann an dòigh nas èifeachdaiche. Thathar cuideachd a' gabhail ri gnìomhan leithid mothachadh, boasaichean ciùineachaidh agus analachadh gus clann a chuideachadh le bhith gan riaghladh fhèin agus a' meudachadh an litearrachd faireachail. Ann an aon ionad tràth-ionnsachaidh, tha an raon seasgair a' toirt àite sàmhach comhfhurtail do chloinn ma tha iad a' faireachdainn iomagaineach.

Tha luchd-obrach mothachail gur dòcha nach bi modhan-obrach làn-sgoile gu leòr buileach agus feumalachdan sunnd an luchd-ionnsachaidh aca uile a choileanadh. Anns a' mhòr-chuid de chùisean, tha buidhnean a' fastadh luchd-obrach a bharrachd gus cuideachadh ann a bhith a' toirt taic gus na feumalachdan sònraichte chloinne agus dhaoine òga a choileanadh. Tha seo a' gabhail a-steach obraichean-òigridh, luchd-taic teaghlach, luchd-obrach taic ionnsachaidh, luchd-obrach cùram àireachais agus seirbheisean comhairle. Ann an



cuid de sgoiltean, chaidh luchd-obrach fhastadh agus leasachadh litearrachd faireachail a bhrosnachadh. Tha cuid de sgoiltean agus ionadan air clann agus daoine òga a thrèanadh gus taic a chumail ri cuid den co-aoisean, mar eisimpleir mar thosgairnean slàinte-inntinn. Tha seo a' cuideachadh agus dèiligeadh ri stioama a tha gu h-àbhaisteach co-cheangailte ri cùisean slàinte-inntinn.

Ann am mion-chuid de sgoiltean agus ionadan, tha na prìomhachasan co-cheangailte ri sunnd ag amas air buidhnean sònraichte de luchd-ionnsachaidh. Mar eisimpleir, ann an cuid de dh' àrd-sgoiltean, tha luchd-obrach ag aithneachadh gu bheil daoine òga ann an ÀS3, an h-àraid balaich, a' faireachdainn gu bheil e doirbh dhaibh a' chùis a dhèanamh air suidheachaidhean anns am faodadh iad tachairt ri còmhstri. Tha an àireamh de chùisean mì-aiùlain air a dhol suas. Mar thoradh air na dùbhlain ùra seo, tha barrachd



chothroman aig luchd-obrach airson 's gum faod clann agus daoine òga na sgilean sòisealta aca a leasachadh. Tha sgoiltean air a' phrògram slàinte agus sunnd aca ath-sgrùdadh agus cothroman nas fheàrr a thoirt do luchd-ionnsachaidh co-obrachadh agus sgilean fuasgladh còmhstri a leasachadh.

Uile gu lèir, tha cha mhòr a h-uile sgoil agus ionad, gu ceart, air slàinte agus sunnd aithneachadh mar fear de na prìomhachasan as motha a tha aca. Bidh an galar mòr-sgaoilte leantainneach a' cumail air adhart a' toirt dhùbhlain do sgoiltean agus ionadan. Tha aithneachadh làidir ann gum feum taic a chumail ri slàinte is sunnd luchd-ionnsachaidh, a' gabhail a-steach iomagain a lughdachadh cho math ri càirdeasan agus a' giùlan deimhinneach adhartachadh, a bhith fhathast na fheart de leasachadh no ath-shlànachadh.

## 2

### Àrd-sgoil Blairgowrie, Comhairle Pheairt agus Cheann Rois

RANN  
SACH  
ADH-  
CÙISE

#### Measadh air sunnd inntinn dhaoine òga gus cuimseachadh air eadar-theachdan

Chleachd luchd-obrach ceisteachain sunnd leis an luchd-ionnsachaidh gus feumalachdan sunnd a chomharrachadh. Chomharraich mion-sgrùdadh air seo le àrd-cheannardan an cuspair de shunnd ìosail agus trom-inntinn am measg luchd-ionnsachaidh bhoireann. Mar thoradh air seo chaidh neach-obrach cùraim àraich fhasadh leis an sgoil leis an raon-dleastanais taic a chumail ri luchd-ionnsachaidh bhoireann agus seirbheisean comhairle a chur gu feum. Tha taic air a bhith a' gabhail a-steach meantoradh aghaidh ri aghaidh agus obair bùidhne.

Bha luchd-obrach ag amas air draghan mu phàtrain chadail dhaoine òga ron ghalar mhòr-sgaoilte agus chuir iad prìomh neach-obrach an dreuchd airson cadal. Chaidh an obair seo, le buaidh agus taic bho rannsachadh le Oilthigh Ghlaschu, ath-chuimseachadh gus dèiligeadh ri droch-ghnàthasan agus chleachdaidhean a chaidh leasachadh rè amannan glasaidd. Tha am prìomh neach-obrach airson cadal air taic a thoirt do thosgairtean cadail sgoileir gus bùithtean-obrach a stiùireadh dhan co-aisean. Tha am prìomh neach-obrach cuideachd ag amas air taic ri sgoilearan, pàrantan agus luchd-obrach a theagasg mu na cùisean slàinte a dh'fhaodadh a bhith ann mar thoradh air droch-chuairtean cadail. Tha daoine òga a' cur luach air na thathar a' cur a-steach a thaobh cudromachd cadail agus an eadar-dhàimh a tha ann eadar cadal, slàinte-inntinn agus ionnsachadh.



Chaidh obair a bha ann roimhe gus dèiligeadh ri draghan mu phàtrain chadail dhaoine òga ron ghalar mhòr-sgaoilte ath-chuimseachadh gus dèiligeadh ri droch-ghnàthasan agus chleachdaidhean a chaidh a leasachadh rè amannan glasaidd. Tha buaidh agus taic aig an obair seo bho rannsachadh còmhla ri Oilthigh Ghlaschu. Tha am prìomh neach-obrach còmhla ri tosgairtean cadail sgoileir, air a bhith aig ceann bùithtean-obrach airson daoine òga agus a' tabhann taic cuimsichte gus a h-uile duine a theagasg mu na buaidhean slàinte a dh'fhaodadh a bhith ann air sgàth droch chuairtean-cadail. Tha daoine òga a' cur luach air na thathar a' cur a-steach a thaobh cudromachd cadail agus an eadar-dhàimh a tha ann eadar cadal, slàinte-inntinn agus ionnsachadh.



# 3

## Àrd-sgoil Blairgowrie, Comhairle Pheairt agus Cheann Roi

RANNSACH  
ADH-CÙISE

### A' cumail taic ri daoine òga le eòlas air cùram

Tha àrd-cheannardan ag aithneachadh gu bheil an galar mòr-sgaoilte air buaidh a thoirt air cuid luchd-ionnsachaidh nas motha na cuid eile. Airson mòran dhaoine òga le eòlas air cùram, dh'àrdaich an galar mòr-sgaoilte faireachaidhean de dh'às-dùnadh agus aonaranachd sòisealta.

Anns an Lùnastal 2020, shuidhich an sgoil an dreuchd Curaidh le Eòlas air Cùram. 'S e prìomh thaobh na dreuchd dàimhean deimhinneach agus earbsach a leasachadh le daoine òga, ag èisteachd ris an draghan agus a' toirt taic gus an cuideachadh ann a bhith a' dol an sàs le sgoil gu deimhinneach. Tha an Curaidh cuideachd a' cumail taic ri luchd-ionnsachaidh gu practaigeach tro bhuidhnean ionnsachaidh le taic agus tha e a' toirt chothroman sgilean comais-obrach a leasachadh.

Tha an Curaidh air com-pàirteachasan a neartachadh le farsaingeachd de phrìomh bhuidhnean leithid Who Cares? Alba, EY Foundation agus Leasachadh Sgilean na h-Alba.

Tha coimhearsnachd air-loidhne airson daoine òga le eòlas air cùram a' tabhann fòram do luchd-ionnsachaidh gus an eòlas a cho-roinn, sgrùdaidhean sunnd a ghabhail os làimh le luchd-obrach sgoile agus cothrom fhaighinn air fiosrachadh bho Who Cares? Alba.

Tha dol an sàs dhaoine òga le eòlas air cùram, gu h-àraidh anns na bliadhnaichean as sine, air leasachadh. Tha daoine òga ag aithris gu bheil iad a' faighinn taic nas fheàrr anns an sgoil agus gu bheil iad nas tuigsiche air an taic agus na cothroman ri làimh dhaibh. Tha buaidh mhòr air a bhith aig com-pàirteachasan le gnìomhchasan leithid EY Foundation le daoine òga a' faighinn preantasachdan agus greisean-gnìomhachais a tha buailteach air a dhol air adhart anns an fhaid-ùine. Tha daoine òga a' faighinn buannachd bho chothroman gus bruidhinn mu na dh'fhiosraich iad agus an taic a tha a dhìth airson daoine òga le eòlas air cùram. Tha cuid tron dreuchd aca mar Caipteanan Taic Sgoilearan a' leasachadh freagairt na sgoile ri #CùmAnGealladh.



## A' cur prìomhachas air sunnd luchd-obrach

“Thàinig sunnd luchd-obrach gu bhith na prìomhachas agus bha feum air dòigh-obrach nas pearsanta agus socraiche” (Àrd-mhanaidsear ELC)

Ged is dòcha nach bi sunnd luchd-obrach follaiseach ann an slànachadh no sgrìobhainnean planadh leasachaidh, tha àrd-cheannardan a' cur fòcas air sunnd an luchd-obrach. Tha iad a' toirt taic nach beag do luchd-obrach, a tha a' gabhail a-steach tachartasan sunnd luchd-obrach agus gam brosnachadh a dhol an sàs ann an slàinte dhreuchdail, mar a bhios riatanach.

An lùib na taice eile tha, mar eisimpleir, taic aghaidh ri aghaidh le sreath-mhanaidsearan, gnìomhachdan sunnd agus sgrùdaidhean bitheanta gus taic fhaireachail a thabhan. Feumar fa-near a thoirt nach eil ceannardan-sgoile agus àrd-cheannardan air ach beag iomradh a thoirt air an sunnd fhèin. Tha iad air suidheachaidhean air leth dùbhlach a stiùireadh thar ùine mhòr.

Tha iad air a bhith a' stiùireadh agus iad a' leantainn orra a' stiùireadh ann an amannan mì-chinnteach. Ann am mòran chùisean, tha àrd-cheannardan air prìomhachas a chur gu gnàthach air sunnd chàch seach an sunnd fhèin. Leis a' chuideam mheudaichte a th' air àrd-cheannardan, gheibheadh iad buannachd bho thaic airson an seasmhachd agus sunnd fhèin. Tha e cudromach gu bheil àrd-cheannardan, gu h-àraid ceannardan-sgoile, a' cur prìomhachas air ùine airson an sunnd fhèin.



## A' dèiligeadh ri beàrnan ann an ionnsachadh

Uile gu lèir, tha fòcas làidir aig sgoiltean agus ionadan air aithneachadh nam beàrnan ann an ionnsachadh airson clann agus daoine òga agus tha iad a' cur cheumannan an àite gus dèiligeadh riutha seo.

Tha dèiligeadh ri beàrnan ann an ionnsachadh chloinne agus daoine òga mar thoradh air COVID-19 fhathast na phrìomhachas cudromach anns cha mhòr a h-uile plana leasachaidh. Tha an galar mòr-sgaoilte air dragh mòr a chur air ionnsachadh agus tha sgoiltean a' beachdachadh air, agus a' cur an àite, ceumannan gus faic a chumail ri luchd-ionnsachaidh adhartas a dhèanamh. Thathar ag aithneachadh gu bheil dùbhlain nas motha air a bhith aig cuid chloinne agus dhaoine òga na daoine eile.

Gus beàrnan ann an ionnsachadh aithneachadh gu h-earbsach, tha cha mhòr a h-uile sgoile a' togail air modhan-obrach a th' ann an-dràsta air sgrùdadh agus tracadh adhartas chloinne agus dhaoine òga ann an ionnsachadh.

“Tha Fresh Start (buidheann eadar-theachd a tha ag amas air litearrachd) math airson do mhisneachd a thogail. Gheibh mi cothrom mo sgilean leughaidh a chleachdadh a tha gam chuideachadh gun a bhith nearbhach. Tha e nas fheàrr cuideachadh fhaighinn a-nis mus tèid sinn dhan acadamaidh agus a thig e gu bhith na chùis mhòr. Agus tha e spòrsail!”

(Neach-ionnsachaidh)



Dh'aithnich sgoiltean agus ionadan tràth-ionnsachaidh agus cùram-chloinne uile dèiligeadh ri beàrnan ann an leasachadh sgilean litearrachd agus àireamhachd chloinne mar phrìomhachas. Aig an tràth-ìre,

tha luchd-cleachdaidh agus na tidsearan a' toirt fa-near gu bheil clann feumach air taic leis an cuid eòlais agus fonais a chur an gnìomh. Tha droch bhuaidh air a bhith air sgilean èisteachd agus labhairt anns an dà chuid bun-sgoil agus àrd-sgoil thar an dà bhliadhna chaidh seachad. 'S iad sgilean luchd-ionnsachaidh ann a bhith a' conaltradh le càch, a' toirt meas do bheachdan chàich agus èisteachd gu gnìomhach cuid de na dùbhlain air a bheil sgoiltean mothachail agus a' tòiseachadh air dèiligeadh riutha. Gus dèiligeadh ri beàrnan ann an leasachadh sgilean àireamhachd, tha fòcas air taic a chumail ri clann agus daoine òga le sgilean àireamhachd leithid a' cleachdadh bannan àireimh nuair a thathar a' dèanamh àireamhachdan sgrìobhte, a' dèanamh àireamhachadh-inntinn le pongalachd agus luaths, agus a' bruidhinn mu na modhan-obrach a tha iad air cleachdadh nuair a tha iad air àireamhachdan-inntinn a dhèanamh.

An lùib nam modhan-obrach airson taic a chumail ri ath-shlànachadh anns na tràth-bhliadhnaichean tha fòcas air a bhith ann air eòlas-teagaisg thràth-bhliadhnaichean agus an àrainneachd airson ionnsachadh mar dhòigh gus dol an sàs a bhrosnachadh. Tha luchd-cleachdaidh a' cumail taic ri leasachadh sgilean motair mìn agus garbh nach do leasaich mar a bhatar an dùil rè na h-amannan ionnsachaidh aig astar. Tha luchd-cleachdaidh a' leantainn orra a' cur an gnìomh modhan-obrach

## 4

### RANN SACH ADH- CÙISE

## Acada maidh Cille Mheàrnaig, Comhairle Siorrachd Àir an Ear

### Cleachdadh dàta gus fiosrachadh a thoirt do thaic chuimsichte



Tha luchd-obrach a' cleachdadh raon de dh'innealan gus adhartas dhaoine òga a mheasadh agus beàrnan ann an ionnsachadh aithneachadh. Tha seo a' gabhail a-steach Deuchainn Sailean Cognatach (CAT) cho math ri litearrachd agus measaidhean àireamhachd, agus siosam sgrùdaidh agus tracaich na sgoile.

Bha mion-sgrùdadh air an dàta seo a' sealltainn gun robh grunn dhaoine òga ann a bha feumach air taic a bharrachd agus dèiligeadh ri beàrnan ann an litearrachd agus àireamhachd. Tha luchd-obrach a bharrachd, a' gabhail a-steach comasaichean ionnsachaidh, a' obair còmhla ri daoine òga ann an ÀS1-ÀS2. Tha an taic a tha ri làimh gan cuideachadh ri adhartas a dhèanamh anns an cuid ionnsachaidh. Tha daoine òga gu math deimhinneach mun ionnsachadh aca agus tha leasachaidhean deimhinneach ann mar-thà anns na h-aoisean leughaidh aca agus anns an adhartas aca tro ìrean a' Churraicealam airson Sàr-mhathai

stèidhichte air cluiche a thaobh ionnsachadh agus teagasg gus na sgilean seo a leasachadh. Tha luchd-cleachdaidh air ath-sgrùdadh agus atharrachaidhean a dhèanamh air mar a tha seòmraichean-cluiche air an cur air dòigh. Tha seo ann gus taic a chumail ri farsaingeachd de sheòrsaichean cluiche cho math ri àiteachan ciùin agus misneachail a thoirt do chloinn. Tha luchd-obrach a' tòiseachadh air com-pàirteachas agus misneachd a bharrachd fhaicinn ann an clann mar thoradh air seo.

“Cha do leugh mi idir rè a' ghlasaidh. Cha robh ùidh agam ann. Ach bhon thòisich mi air a' bhloc leughaidh ghoirid a h-uile latha - tha mi air tòrr a leughadh. Tha fios aig an tidsear air na bhios inntinneach dhomh.”

(Neach òg)

Tha a' mhòr-chuid de sgoiltean cuideachd a' cur cheumnanan a bharrachd an àite gus taic a chumail ri adhartas chloinne agus dhaoine òga ann am prìomh raointean de litearrachd agus àireamhachd. Tha seo a' gabhail a-steach barrachd seiseanan ionnsachaidh le taic airson na feadhainn a tha feumach air taic as motha, cleachdadh àrd-cheannardan a bhios ag obair mar meantoran litearrachd agus cuir luchd-obrach taice an gnìomh. Anns a' mhòr-chuid de sgoiltean, tha luchd-obrach taic sgoilearan a' toirt a-steach leughaidh làitheil do dhaoine òga ann an ÒS1 agus ÒS2, a tha a' tòiseachadh air aoisean leughaidh luchd-ionnsachaidh a leasachadh.

Tha grunn sgoiltean cuideachd air a' churraicealam ath-sgrùdadh agus atharrachadh gus fòcas meudaichte a bhith air litearrachd, àireamhachd agus sunnd. Ann am beagan chùisean, tha an riarachadh meudaichte de dh'ùine anns na raointean seo den churraicealam a' toirt buaidh air làn-chòir dhaoine òga air foghlam farsaing coitcheann.

Ann an àrd-sgoiltean, tha àrd-cheannardan a' soilleireachadh gu bheil beàrnann ann an ionnsachadh dhaoine òga airson mòran chuspairean practaigeach. Bha e dùbhlannach dha mòran thidsearan de chuspairean practaigeach measadh a dhèanamh air sgilean practaigeach dhaoine òga rè an ama de dh'ionnsachadh aig astar. Mar eisimpleir, bha dùbhlain mu choinneimh thidsearan a thaobh coimhead air daoine òga a' dearbhadh an sgilean ann an saidheans practaigeach agus dràma. A bharrachd, dh'fhaodadh gum bi cothrom cuibhrichte aig cuid de dhaoine òga air goireasan, stuthan agus uidheam iomchaidh gus ullachadh airson measaidhean agus an crìochnachadh. Tha na beàrnann ann an ionnsachadh airson nan cuspairean seo nas duilghe dèiligeadh riutha na cuspairean eile.



Chan e a-mhàin gu bheil tidsearan àrd-sgoile ag ath-sgrùdadh nan cùrsaichean agus prògraman aca, ach cuideachd libhrigeadh agus sreath nan aonadan gus am bi iad nan daoine òga misneachail le tuigse làidir air sgilean bunaiteach mus gluais iad air adhart gu pìosan ionnsachaidh ùra. Mar eisimpleir, tha roinnean Nuadh-chànain air prìomhachas a chur air sgilean èisteachd agus labhairt anns na cùrsaichean agus prògraman aca.

Tha tidsearan ann an roinn na Gàidhlig air a chleachdadh aca a mheudachadh rè amannan de dh'ionnsachadh air astar. Tha iad air an sgilean teicneòlas a leasachadh gus cunbhalachd chloinne agus daoine òga a chumail suas ann an ionnsachadh tro mheadhan na Gàidhlig. Tha luchd-obrach cuideachadh a' brosnachadh cumail suas misneachd chloinne agus am pàrantan ann am Foghlam Meadhan Gàidhlig. Tha seo gu sònraichte cudromach nuair nach eil Gàidhlig aig na pàrantan fhèin.

Tha tidsearan ag aithneachadh bheàrnann ann am fileantachd gu h-èifeachdach. Tha iad a' dèiligeadh riutha seo le eadar-theachdan agus atharrachaidhean air a' churraicealam. Thar ìrean na bun-sgoile, tha seo a' ciallachadh gum bi fòcas air èisteachd agus labhairt a' cleachdadh modhan-obrach làn-bhogaidh. Bidh tidsearan a' cleachdadh cluiche, sgeulachdan, rannan agus Shapeòrain nas trice gus taic a chumail ri clann aig tràth-ìrean agus ciad ìrean. Bidh seo an uair sin a' togail misneachd chloinne ann an leughadh agus sgrìobhadh anns a' Ghàidhlig. Bidh raon de chom-pàirtichean a' churraicealaim a' toirt seachad tachartasan èifeachdach air-loidhne agus gu pearsanta gus leantainneachd a thogail ann an ionnsachadh. Tha seo fhad 's a thathar a' suidheachadh na Gàidhlig taobh a-staigh a co-theacsa chultarail. Feumaidh taic leantainneach chom-pàirtichean do luchd-ionnsachadh fòcas nas dlùithe buileach a chur air dèiligeadh ri beàrnann sònraichte ann an ionnsachadh. Bu chòir do thidsearan cumail orra a' togail air an cleachdadh soirbheachail de theicneòlas didseatach rè ionnsachadh air astar gus uidheaman leithide-Sgoil a chur gu barrachd feum. Tha feum leantainneach air fòcas a chur air cothromachd a mheadachadh airson luchd-ionnsachaidh ann am Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig. Tha feum leantainneach aig luchd-obrach ath-sgrùdadh a dhèanamh air adhartas dhaoine òga ann am Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig mar bhuidheann luchd-ionnsachaidh. Bheir seo taic do chleachdadh dàta gus prìomhachasan a chomharrachadh airson Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig taobh a-staigh dealbhadh leasachaidh agus ath-shlànachaidh aig sgoiltean.

## Bun-sgoil Chondobhrait, Comhairle Siorrachd Lannraig a Tuath

### A' cleachdadh làn-bhogadh gus coileanadh chloinne àrdachadh agus am misneachd anns a' Ghàidhlig adhartachadh

Bha na beàrnann ann an Gàidhlig an dèidh a' ghlasaiddh gu math eagallach, gu h-àraid nuair a bha clann fhathast anns an ìre bogaidh agus nach robh Gàidhlig ga bruidhinn aig an taigh.

(Tidsear Meadhan na Gàidhlig)

5

### RANNSACHADH -CÙISE

Tha an leas-cheannard sgoile agus luchd-obrach a' cur prìomhachas air taic a chumail ri clann am fileantachd ann an Gàidhlig ath-choisinn gus cunbhalachd ann an ionnsachadh a leasachadh.

Aig toiseach an t-seisein, dh'atharraich tidsearan an curraicealam gus làn-bhogadh a lìbhrigeadh do chlann ann an BS4 gu BS7 airson bloca de shia sheachdainean. Chaidh clann an sàs ann an ionnsachadh far an deach Gàidhlig a bruidhinn agus a cleachdadh ann an raon de shuidheachaidhean agus co-theacsaichean curraicealaim. Fhreagair iad a' cleachdadh an sgilean Gàidhlig. Thug sgrùdadh thidsearan fa-near gun robh clann a' faighinn misneachd air ais ann a bhith a' bruidhinn na Gàidhlig agus ga cleachdadh mar mheadhan ionnsachaidh.

Tha luchd-obrach air prògram-taice a dhealbhadh gus dèiligeadh ri beàrnann aithnichte ann an sgrìobhadh Gàidhlig. Tha 'stèisean foillseachaidh' aig clasaichean uile gus cothroman làitheil a thoirt seachad airson sgrìobhadh. Bidh clann a' sgrìobhadh thar iomadh gnè agus mu dheidhinn chuspairean a thaghas iad fhèin. Tha sgrùdadh thidsearan a' togail fianais air clann a' faighinn misneachd air ais ann an sgrìobhadh tron Ghàidhlig. Tha tidsearan air clann fa-leth aithneachadh a tha a' faighinn buannachd bho sheiseanan de bhuidhnean beaga gus cuimseachadh air beàrnann ann an

ionnsachadh. Tha clann a' bruidhinn gu deimhinneach mun taic seo agus tha iad an sàs ann an sùil a chumail air a' bhuidh a th' aig sin air an adhartas aca. Tha adhartas chloinne a' sealltainn comharran tràtha de leasachadh. Tha clann a' bruidhinn le misneachd agus gu moiteil às an adhartas a tha iad a' dèanamh.

Tha an neach-cuideachaidh clas aig a bheil Gàidhlig ag obair thar a h-uile clas gus taic dhealbhte a thoirt seachad do dhaoine fa-leth agus buidhnean chloinne. Tha tidsearan air goireasan eadar-theangachadh gus taic a chumail ri clann ann a bhith ag adhartachadh am briathrachais. Tha an tidsear taic ionnsachaidh agus neach-cuideachaidh a' chlas aig a bheil Gàidhlig a-nis a' cleachdadh nan stuthan seo airson a bhith ag obair còmhla ri daoine fa-leth thar na sgoile.

Tha àrd-cheannardan a' leantainn orra dàta a chleachdadh gu soirbheachail agus sùil a chumail air buaidh nam modhan-obrach aca airson taic a chumail ri ath-shlànachadh. Tha iad air 'àitichean-sgrùdaidh' a chomharrachadh tron bhliadhna nuair a bheir iad sùil dhlùth air adhartas bhuidhnean agus luchd-ionnsachaidh fa-leth. Tha beachdan chloinne air an tionail agus air an cleachdadh an cois an dàta coileanaidh. Tha cleachdadh dàta càileachdail agus uimhireil a' toirt seachad dealbh seasmhach agus ceart de dh'adhartas. Tha àrd-cheannardan a' cleachdadh an fhiosrachaidh le luchd-obrach agus taic airson clann ath-sgrùdadh agus atharrachadh, a' dèanamh cinnteach gu bheil eadar-theachdan ag adhbharachadh toraidhean leasaichte airson clann air fad.



Tha neo-làthaireachdan leantainneach chloinne, daoine òga agus luchd-obrach a' toirt dhùbhlain a thaobh taic a chumail ri cunbhalachd ann an ionnsachadh. Tha neo-làthaireachd chloinne, dhaoine òga agus luchd-obrach nas miosa leis a' ghalar mhòr-sgaoilte. Ann an cuid de sgoiltean, tha leasan air an libhrigeadh tro uidheaman air-loidhne, no tha clann agus daoine òga a' faighinn cothrom air stuthan bho bhanca de leasan a chaidh a chlàradh ro-làimhe. Ann an sgoiltean eile, tha àrd-cheannardan air Maoineachadh Ceartas an Sgoileir a chleachdadh agus barrachd luchd-obrach fhastadh airson taic a chumail ri luchd-ionnsachaidh le ìrean àrda neo-làthaireachd. Tha fastadh luchd-obrach le ceangail ri dachaigh-sgoile, tidsearan ath-shlànachaidh, agus luchd-obrach taice air a dhealbhadh gus taic a chumail ri cloinn agus daoine òga nuair a thilleas iad dhan sgoil.



Tha gainnead tidsearan airson cuid de chuspairean agus tidsearan speisealta airson Foghlam Meadhan Gàidhlig a' ciallachadh gu bheil àrd-cheannardan le teisteanasan ann am Foghlam Meadhan Gàidhlig tric air an cur an anìomh agus clasaichean eile a theaasa. Bidh gainnead luchd-obrach tric a' cur bacadh air àrd-cheannardan ann a bhith a' cleachdadh maoinachadh gus barrachd luchd-obrach fhastadh airson taic a chumail ri ath-shlànachadh.

Tha sgoiltean agus ionadan a' cleachdadh an eòlais de dh'ionnsachadh air astar agus fèin-fhiosrachaidhean ionnsachaidh a mheudachadh. Tha e na phrìomhachas coitcheann ann am planaichean leasachaidh comasan didseatach a mheudachadh airson an dà chuid luchd-ionnsachaidh agus luchd-obrach. Tha luchd-obrach agus luchd-ionnsachadh tuigseach gu bheil an sailean ionnsachaidh air leasachadh mar thoradh air ionnsachadh air astar. Tha a' mhòr-chuid de sgoiltean agus ionadan a' togail air na sgilean didseatach a tha an dà chuid luchd-

obrach agus daoine òga air leasachadh. Ann an cuid de sgoiltean agus ionadan, tha cùrsaichean didseatach a-nis a' nochdadh air a' chlàr-ama. Chaidh ionnsachadh proifeiseanta a thabhann do luchd-obrach ann a bhith a' libhrigeadh ionnsachadh a' cleachdadh teicneòlasan didseatach. Tha seo air àrdachadh mòr adhbharachadh ann am misneachd luchd-obrach a thaobh eòlas-teagaisg didseatach. Ann an àrd-sgoiltean, thathar fhathast a' cur bathar-bog didseatach an anìomh leithid notaichean gutha agus ais-moladh a thoirt do dhaoine òga.

S Tha sgoiltean ag aithneachadh gur e cuideachadh a th' ann cothroman a thoirt do chloinn agus daoine òga ann a bhith a' meudachadh com-pàirteachas agus dol an sàs. Ann an aon eisimpleir, chleachd sgoil teicneòlas didseatach agus cuideachadh ionnsachadh co-obrachail a thoirt an comas a' cleachdadh coinneamhan bhiorail agus uidheaman co-obrachail airson deasbad.

“Dh'obraich sinn còmhla ri Comann Nam Pàrant gus buidheann samhraidh a leasachadh airson clann air fad ann am Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig. Fhritheil a' mhòr-chuid de chlann. Chaidh misneachd chloinne ann an cànan labhairteach a thogail an dèidh a' ghlasaich tro raon de ghnìomhachdan air a' bhlàr a-muigh. Chaidh taic a thoirt dha seo le buidhnean ionadail”.

(Prìomh-thidsear Foghlam Bun-sgoil tro Mheadhan na Gàidhlig)

# 6


## Àrd-sgoil Castlemilk, Comhairle Baile Glaschu

RANNS  
ACHAD  
H-  
CÙISE


### Aplacaid dhidseatach airson taic a thoirt do dh'ionnsachadh

Aig Àrd-sgoil Castlemilk, tha teicneòlas didseatach a' toirt taic do leantainneachd ionnsachaidh airson daoine òga a dh'fhaodadh a bhith neo-làthaireach gus nach tuit iad air dheireadh nan ionnsachadh. Tha an sgoil air gabhail ri aplacaid dhidseatach gus taic a chumail ri adhartas dhaoine òga.

Tha comas-àrìomh aig an aplacaid a bheir comas do luchd-obrach agus daoine òga notaichean gutha fhàgail agus notaichean a sgrìobhadh a bhios mar sin a' toirt ais-moladh do dhaoine òga. Tha seo air adhbharachadh gu bheil daoine òga a' faireachdainn gu bheil làn thaic aca nam biodh feum aca ionnsachadh aig an taigh. Tha luchd-ionnsachaidh a tha, mar eisimpleir, a' fuireach air leth bho dhaoine eile no neo-làthaireach airson adhbharan eile, comasach air a dhol an sàs ann an còmhraidh leis an tidsearan a thaobh an ionnsachaidh. Tha pàirtean den aplacaid a' toirt comas do luchd-obrach measaidhean agus pasaichean a chruthachadh a bhios a' leigeil leotha fhaighinn amach a bheil daoine òga air adhbhar leasan a thuigsinn gu soirbheachail. Tha an goireas grad-ais-molaidh seo a' cumail taic ri tidsearan ann a bhith ag ath-sgrùdadh adhartas luchd-ionnsachaidh. Tha seo air taic a thoirt do dhaoine òga obair gu math gu neo-eisimeileach. Tha daoine òga gu math deimhinneach mu chleachdadh na h-Aplacaid gus taic a thoirt dhan cuid ionnsachaidh.



Tha sgoiltean agus ionadan a' leantainn orra comas a' bhlàr a-muigh a mheudachadh gus fèin-fhiosrachadh ionnsachaidh chloinne is dhaoine òga a chur am feabhas. Mar thoradh, tha ionnsachadh a-muigh a' sìor-dhol na fheart a tha fighte a-steach ann am fèin-fhiosrachadh ionnsachaidh làitheil ar luchd-ionnsachaidh.



Faodaidh sibh tuilleadh a leughadh air mar a tha sgoiltean agus ionadan a' cumail taic ri slàinte agus sunnd ann an 'Modhan-obrach soirbheachail airson ionnsachadh a-muigh: lèirmheas tèamatach'.

## 7

### RANNSACH ADH-CÙISE

## Bun-sgoil Thomas Muir Comhairle Siorrachd Dhùn Bhreatainn an Ear

### A' cleachdadh modhan-obrach didseatach

Tha luchd-obrach a' leantainn orra fòcas a chur air modhan-obrach didseatach mar phàirt den phlanadh ath-shlànachaidh aca. Tha an sgoil air tòrr airgid a chur ann an innealan didseatach gus dèanamh cinnteach à co-ionannachd cothruim. Tha tidsearan ag aithris gu bheil leasachadh brioghmhor anns an cuid sgilean ann a bhith a' cruthachadh agus a' cleachdadh modhan-obrach didseatach agus ionnsachadh a mheudachadh, mar thoradh air an ionnsachadh proifeasanta a chaidh a thoirt seachad le tidsear prionnsabal na sgoile.

Tha luchd-obrach air a bhith ag obair gu math gus dèanamh cinnteach gu bheil na prògraman agus cùrsaichean aca ann an teicneòlasan didseatach a' toirt adhartas ann an eòlas agus sgilean. Mar thoradh, tha clann nas mothachaile air na sgilean didseatach a tha iad a' leasachadh anns na leasan aca. Tha iad a' sìor-chleachdadh farsaingeachd nas motha de dh'innealan didseatach agus uidheaman air-loidhne. Tha clann ag aithris gu bheil iad a-nise a' faighinn cothrom a bharrachd air innealan diofraichte agus gu bheil iad a' faireachdainn nas misneachaile mu ionnsachadh tro dhiofar uidheaman.

Tha fòcas leantainneach aig an sgioba àrd-cheannais air taic a chumail ri leantainneachd ann an ionnsachadh chloinne co-dhiù a bheil iad a' fuireach air leth. Tha ullachaidhean èiginn air an dealbhadh agus leiaeil le luchd-obrach ionnsachadh de dh'àrd chàileachd a lìbhrigeadh ma thachras gum feumar tilleadh do dh'ionnsachadh air astar.



“Le ionnsachadh air astar chaidh ar misneachd a thogail ann a bhith a' cleachdadh TFC airson teagasg chaidh ar misneachd a thogail ann a bhith a' cleachdadh TFC airson teagasg.”

(tidsear clas)

# Com-pàirteachas phàrantan

Tha neartachadh com-pàirteachas pàrant fhathast na phrìomhachas cudromach do sgoiltean agus ionadan. Tha a' mhòr-chuid de sgoiltean agus ionadan ag aithris gu bheil dàimhean agus ceanglaichean le teaghlach air neartachadh mar thoradh air a' ghlasadh-sluaigh. Fhuair teaghlach buannachd bho chonaltradh leasaichte tro chleachdadh uidheaman air-loidhne agus fiosrachadh a cho-roinn rè an ama de dh'ionnsachadh air astar. An lùib seo a bha, mar eisimpleir, coimhead a-steach bhiortail, puist-dealain, còmhraidhean fòn, tadhailean leac an dorais agus fiù 's litrichean làimh-sgrìobhte.

Tha luchd-obrach ag aithneachadh nach robh ach beagan cothroman aig mòran phàrantan gus lìonraichean taice a leasachadh, le mòran buidhnean agus gnìomhachdan gun a bhith a' ruith anns an dòigh àbhaisteach. Tha luchd-cleachdaidh air ceumannan a chur an àite agus dèiligeadh ris an dùbhlàn seo. Tha seo a' gabhail a-steach a' cleachdadh teicneòlas didseatach gus uidheaman co-obrachail a thoirt seachad a bhios a' leigeil le pàrantan ceangal ris a

chèile. Ann an eisimpleirean eile, tha luchd-obrach air a bhith a' cleachdadh an àite taobh a-muigh na sgoile gus pàrantan a thoirt còmhla gu fiosaigeach agus iad a' leantainn ri stiùireadh slàinte a' phobaill.

Tha pàrantan a' cur luach air na cothroman seo agus tha iad a' faighinn buannachd bho na lìonraidhean neo-fhoirmeil seo. Tha iad a' faireachdainn nas ceangailte agus tha iad nas misneachaile ann a bhith a' cumail taic ri ionnsachadh an cloinne. Tha sgoiltean agus ionadan a' dèanamh cinnteach gu bheil pàrantan a' faighinn fiosrachadh mu adhartas an cloinne a' cleachdadh, mar eisimpleir, leabhraichean-latha ionnsachaidh didseataich agus adhartas chloinne no coinneamhan bhiortail a ghlacadh agus a cho-roinn.

Uile gu lèir, tha modhan-obrach airson taic a chumail ri pàrantan, fiosrachadh a chumail riutha mu adhartas am pàiste, agus gu dearbh mu bheatha agus obair na sgoile uile nam pàirtean deimhinneach de dh'obair sgoiltean agus suidheachaidhean.

## Comhairle Baile Dhùn Èideann Ionnsachadh Fad-bheatha

8

RANNS  
ACHAD  
H-CÙI


### At h-shuidheachadh agus Prògraman Ionnsachadh Teaghlach



Mar freagairt ris a' ghalar mhòr-sgaoilte, dh'atharraich Comhairle Baile Dhùn Èideann an solar aca airson teaghlach Sirianach a bha air ùr thighinn. Ro COVID-19, bha 24 clasaichean thar iomadh àite air an tabhainn dha mu 100 luchd-ionnsachaidh Sirianach. Dh'adhbharaich an galar mòr-sgaoilte gluasad gus seanail meadhanan sòisealta a chruthachadh airson ionnsachadh le fògarraich Sirianach a thoirt an comas.

Thug luchd-obrach Beurla mar Chànan a Bharrachd taic do theaghlach le litearrachd agus àireamhachd a' cleachdadh uidheam didseatach. Chruthaich luchd-obrach bhideothan cuideachd agus taic a chumail ri ionnsachadh. Ged a bha e dùbhlànach luchd-ionnsachaidh a thoirt an sàs air-loidhne, shoirbhich leis an fheadhainn a ghabh pàirt ann agus bha barrachd misneachd aca ann am Beurla labhairteach. Bha pàrantan cuideachd ag aithris gu bheil comas nas fheàrr aca a-nise air taic a chumail ri ionnsachadh an cloinne agus a dhol an sàs le sgoiltean. Thug luchd-ionnsachaidh fa-near cuideachd an comas Beurla a

chleachdadh ann an dòighean  
iomchaidh gu sòisealta agus gu  
cultarach. Tha seo ag  
adhbharachadh gu bheil mòran a'  
faireachdainn mar phàirt ann agus  
nas amalaichte ann am beatha  
coimhearsnachd.



# 9

RANNSACH  
ADH-CÙISE

## Bun-sgoil is clas Sgoil- àraich Elphinstone, Comhairle Lodainn an Ear

**A' cleachdadh conaltradh a bharrachd le  
teaghlaichean rè a' ghalair mhòir-sgoilte mar  
st eìdh com-pàirteachadh a mheudachadh.**



Tha com-pàirteachadh phàrantan fhathast na mhòr phrìomhachas airson àrd-cheannardan. Tha luchd-obrach ag aithneachadh gu bheil e deatamach ann an taic a chumail ri ionnsachadh

chloinne dàimhean a chumail suas le teaghlaichean. Tha creideas làidir ann gu bheil e riatanach airson ath-shlànachadh clann agus teaghlaichean ath-cheangal ri àrainneachd na sgoile tro fhèin-fhiosrachaidhean deimhinneach.

Bidh co-obrachadh agus co-chomhairle le luchd-ùidh a' gabhail àite a' cleachdadh raon de dhòighean, a' gabhail a-steach uidheaman air-loidhne, cunntasan-beachd air-loidhne, coinneamhan luchd-obrach, coinneamhan comhairle nan sgoilear, seiseanan mì-fhoirmeil agus coinneamhan Comhairle nam Pàrant. Tha pàrantan a' cur fàilte air an fharsaingeachd de chothroman a tha ann dhaibh agus pàirt a ghabhail ann am beatha agus obair na sgoile. Tha iad ag aithris gu deimhinneach air ciamar a tha iad a' faireachdainn mar phàirt de choimhearsnachd na sgoile.

Thathar a' leasachadh àite uaine mar àite coimhearsnachd nas fharsainge a tha ruiasinneach dha na h-uile. Bheir seo cothrom do phàrantan agus buill na coimhearsnachd nas fharsainge tighinn còmhla. Tha luach mòr air na cothroman lìonra neo-fhoirmeil seo le pàrantan agus tha iad a' neartachadh dàimhean leis an sgoil.

## Co-dhùnadh

Tha luchd-obrach thar sgoiltean agus ionadan air deagh dhìcheall a nochdadh ann a bhith a' riaghladh dùbhlain COVID-19 agus a' cheart àm air aire a thoirt do leasachadh agus/no prìomhachasan ath-shlànachaidh a chur an àrd agus taic a chumail ri ionnsachadh chloinne agus dhaoine òga. Tha sgoiltean agus ionadan air na prìomhachasan a cho-roinn air a bheil iad a' cur fòcas agus taic a chumail ri ath-shlànachadh. Tha fòcas cunbhalach air ionnsachadh agus dèiligeadh ri beàrnan sam bith. Tha luchd-obrach a' taisbeanadh dòighean anns a bheil iad a' meudachadh agus ag atharrachadh chleachdaidhean agus fèin-fhiosrachaidhean agus taic a chumail ri clann agus daoine òga taobh a-staigh a' cho-theacsa làithreach. Tha iad a' cumail orra a' gabhail ri modhan-obrach agus taic a chumail ri cloinn agus daoine òga ann a bhith ag ionnsachadh ann an àrainneachd ionnsachaidh sheasmhach, a' toirt comas dhaibh a bhith deiseil airson ionnsachadh. Far a bheil cleachdaidhean sam bith a bha a' obair a' math ron ghalar mhòr-sgaoilte, tha luchd-obrach a' toaill air na neartan seo. Tha seo a' sònraichte follaiseach anns na modhan-obrach airson taic a chumail ri slàinte agus sunnd. Tha sgoiltean agus ionadan air prìomhachasan aithneachadh tro bruidhinn agus ais-moladh bho luchd-ionnsachaidh, pàrantan agus luchd-obrach. Ann an arunn sgoiltean agus ionadan, tha luchd-obrach air beachdachadh mu dheidhinn modhan-obrach a chaidh a thoirt a' builrè an ama de dh'ionnsachadh air astar leithid teicneòlasan didseatach agus com-pàirteachadh phàrantan. Tha iad air cumail orra a' togail sheallaidhean a tha air a bhith a' obair a' math. Uile gu lèir, tha e cudromach do sgoiltean agus ionadan fòcas a chur air àireamh de



prìomhachasan a ghabhas riaghladh a bhios a' cur a-mach na toraidhean miannaichte airson luchd-ionnsachaidh.

Tha cuid de sgoiltean agus ionadan a' cur luach mar-thà air buaidh nam modhan-obrach aca. Tha e deatamach gun tèid measadh leantainneach a chur air bhonn, gu h-àraid tron cho-theacsa dhùbhlanaich agus chaochlaideach anns a bheil sgoiltean agus suidheachaidhean ag obair an-dràsta. Bheir seo comas do luchd-obrach adhartas a luathachadh anns na raointean a tha ag obair gu math agus gnìomh a ghabhail agus ath-bheachdachadh air prìomhachasan, ma tha sin riatanach, agus dèanamh cinnteach gum bi deagh bhuaidh ann do luchd-ionnsachaidh uile.

# Pàipear-taice 1: sgoiltean agus ionadan air an deach tadhal

Bu toil le Luchd-sgrùdaidh na Banrigh taing a thoirt do dh'ùghdarrasan ionadail, luchd-obrach, clann, daoine òga, com-pàirtichean is pàrantan airson am pàirteachadh rè nan tadhailean agus an deòin a bhith a' co-roinn nam modhan-aca airson taic a chumail ri ath-shlànachadh.

## IONADAN TRÀTH-IONNSACHAIDH IS CÙRAM-CHLOINNE

- Ionad Tràth-ionnsachaidh Gartconner Comhairle Siorrachd Dhùn Bhreatainn an Ear
- Sgoil-àraich Hill View Comhairle Baile Dhùn Dè
- Àrainn Tràth-bhliadhnaichean Mofaid Comhairle Baile Dhùn Èideann
- Sgoil agus Sgoil-àraich Pitmedden Comhairle Siorrachd Obar Dheathain

## BUN-SGOILTEAN

- Bun-sgoil agus Ionad Tràth-bhliadhnaichean Bell's Brae Comhairle Shealtainn
- Bun-sgoil is clas Sgoil-àraich Castleview Comhairle Baile Dhùn Èideann
- Bun-sgoil Dalmillig Comhairle Siorrachd Àir

a Deas

- Bun-sgoil agus Ionad Tràth-bhliadhnaichean Elderbank Comhairle Siorrachd Àir a Tuath
- Bun-sgoil is clas Sgoil-àraich Elphinstone, Comhairle Lodainn an Ear
- Bun-sgoil agus Ionad Tràth-bhliadhnaichean Heathhall Comhairle Dhùn Phrìs is Gall-Ghàidhealaibh
- Bun-sgoil agus Ionad Tràth-bhliadhnaichean Longniddry Comhairle Lodainn an Ear
- Bun-sgoil agus Ionad Tràth-bhliadhnaichean Maisondieu Comhairle Aonghais
- Bun-sgoil is clas Sgoil-àraich Newton Comhairle Struigheala
- Bun-sgoil agus Ionad Tràth-bhliadhnaichean Rosewell Comhairle Lodainn an Ear
- Bun-sgoil is clas Sgoil-àraich Sandbank Comhairle Earra-Ghàidheal is Bhòid
- Bun-sgoil Naomh Anthonaidh Comhairle Rinn Friù
- Bun-sgoil agus Ionad Tràth-ionnsachaidh Naoimh Mairi Comhairle Siorrachd Dhùn Bhreatainn an Iar
- Bun-sgoil Thomas Muir Comhairle Siorrachd Dhùn Bhreatainn an Ear
- Bun-sgoil agus Ionad Tràth-

- ionnsachaidh Wallacestone Comhairle na h-Eaglaise Brice
- Bun-sgoil Naomh Pàdraig Comhairle Inbhir Chluaidh

## ÀRD-SGOILTEAN

- Acadamaidh Alva Comhairle Siorrachd Chlach Mhanann
- Acadamaidh Baldragon Comhairle Siorrachd Dhùn Dè
- Acadamaidh Bishopbriggs Comhairle Siorrachd Dhùn Bhreatainn an Ear
- Àrd-sgoil Blairgowrie Comhairle Pheairt agus Cheann Rois
- Àrd-sgoil Castle milk Comhairle Baile Ghlaschu
- Àrainn Linne Dhòrnaich Comhairle na Gàidhealtachd
- Sgoil-ghràmail Comhairle Lodainn an Ear
- Àrd-sgoil Duncanrig Comhairle Siorrachd Lanraig a Deas
- Àrd-sgoil na h-

- Eaglaise Brice Comhairle na h-Eaglaise Brice
- Àrd-sgoil Gracemount Comhairle Baile Dhùn Èideann
- Acadamaidh Chille Mheàrnaig Comhairle Siorrachd Àir an Ear
- Àrd-sgoil Lasswade Comhairle Lodainn Mheadhanaich
- Acadamaidh Talla Uallais Comhairle Dhùn Phrìs is Ghall-Ghàidhealaibh

## SGOILTEAN SÒNRAICHTE

- Ionad Sgilean Burnhouse Comhairle Lodainn an Iar
- Bun-sgoil Hampden Comhairle Baile Ghlaschu
- Sgoil Isobel Mair Comhairle Siorrachd Àir an Ear

## SGOILTEAN GÀIDHLIG AGUS SGOILTEAN LE FOGHLAM TRO MHEADHAN NA GÀIDHLIG

- Acadamaidh Bishopbriggs Comhairle Siorrachd Dhùn Bhreatainn an Ear
- Bun-sgoil Chondobhrait Comhairle Siorrachd Lanraig a Tuath
- Sgoil Ghràmair Dhùn Omhain Comhairle Earra-Ghàidheal is Bhòid
- Acadamaidh Chille Mheàrnaig Comhairle



Siorrachd Àir an  
Ear

- [Bun-sgoil agus Clas Sgoil-  
àraich Sandbank](#)  
Comhairle Earra-Ghàidheal is  
Bhòid
- [Sgoil nan Loch](#)  
Comhairle nan Eilean Siar

### **IONNSACHADH IS LEASACHADH COIMHEARSNACHD**

- [Àrd-sgoil Dhùn  
Bhlàthain](#)  
Comhairle  
Shruighlea
- [Solar a-steach dhan t-  
Samhradh](#) Comhairle  
Baile Dhùn Èideann
- [Comhairle Baile Dhùn Èideann  
Ionnsachadh Fad-bheatha](#)  
Comhairle Baile Dhùn Èideann

### **ÙGHDARRAS IONADAIL**

- [Roinn an  
Fhoghlaim](#)  
Comhairle Inbhir  
Chluaidh

Foghlam Alba, Taigh  
Denholm Pàirc Gnothachais  
Almondvale Way Baile  
Dhunlèibhe EH54 6GA

F: +44 (0)131 244 4330

P-d: [enquiries@education.scotland.gov.scot](mailto:enquiries@education.scotland.gov.scot)

[www.education.gov.scot](http://www.education.gov.scot)

© Còir-lethbhreac a' Chrùin, 2022

Faodaidh sibh am fiosrachadh seo (ach na dealbhan is suaicheantasan) ath-chleachdadh gu saor 's an-asgaidh ann an cruth no meadhan sam bith fo Cheadachas an Rìghaltais Fhosgailte fhad 's a thèid ath-chleachdadh gun mhearachd agus chan ann air dòigh mheallta. Feumar aithneachadh gur ann aig Foghlam Alba a tha a' chòir-lethbhreac, agus feumar tiotal na sgrìobhainne a nochdadh.

Gus an cheadachas fhaicinn, tadhail air <http://nationalarchives.gov.uk/doc/open-government-licence> no post-d: [psi@nationalarchives.gsi.gov.uk](mailto:psi@nationalarchives.gsi.gov.uk)

Far a bheil sinn air còir-lethbhreac aig treas-phàrtaidh sam bith a chomharrachadh, feumaidh tu cead fhaighinn on fheadhainn aig a bheil a' chòir-lethbhreac.